

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 4mh dhen Iuchar 2021

Ùrnaigh aig 7f

Aig amannan, tha sinn fìor mhothachail air meud ar spionnadh; agus aig amannan eile, tha sinn nas mothaichaile air ar laigseannan. Aig amannan, tha sinn calma, làn misneachd, agus aig amannan eile, tha sinn air ar lìonadh le teagamhan agus eagal. Ma dh'fhaoidte gu bheil sinn a' smaoinichadh gu bheil sinn nas fhaisge air Dia ann an làithean neart ar misneachd, ach tha creideamh agus ar eòlas air gràs Dhè gar teagasg nach eil sin uile gu lèir fìor.

Dh'ionnsaich an t-Abstol Pòl brìgh na fìrinne seo na bheatha spioradail fhèin. Chunnaic e cumhachd Dhè ag obair an taobh a-staigh dheth nuair a bha e fhèin fann, agus thuirt an Tighearna ris: "Is leòr mo ghràs-sa dhut, oir tha mo chumhachd air a dhèanamh foirfe ann an laigse." (2 Corintianaich 12: 9). Chì sinn air ar turas fhèin gu bheil sinn a' faicinn pailteas gràs Dhè nuair nach eil neart is spionnadh againn fhèin.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, tha do ghràs air fhoillseachadh dhuinn
ann an ìobairt do Mhic air a' Chrann-ceusaidh.
Deònaich dhuinn eòlas air pailteas do ghràis
nuair a tha cruaidh feum againn air.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràs air fhoillseachadh dhuinn
ann an ìobairt do Mhic air a' Chrann-ceusaidh.
Fhad 's a chòiseachas sinn maille riuthasan a tha a' fulang,
deònaich gun co-pàirtich sinn na do ghràs fhèin.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràs air fhoillseachadh dhuinn
ann an ìobairt do Mhic air a' Chrann-ceusaidh.
Deònaich dhuinn do neart
nuair a bhios sinn lag.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràs air fhoillseachadh dhuinn
ann an ìobairt do Mhic air a' Chrann-ceusaidh.
Deònaich dhuinn ath-nuadhachadh nar beathannan, agus sinn a' co-
pàirteachadh ann an co-chomann do ghràis.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, tha do ghràs air fhoillseachadh dhuinn
ann an ìobairt do Mhic air a' Chrann-ceusaidh.
Gum biodh do ghràs, a bha leòr dhuinn riamh,
leòr dhuinn fhathast anns na làithean ri teachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,

Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Oll. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla

ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)